

# CUAIRT-LITIR An Geamhradh 2010



An t-Alltan 2010

Duilleag 4

Ceumannan 3	2
Hub Ùr	3
An t-Alltan 2010	4
Farpais Nollaig	6
Luchd-obrach Ùr	6
Stuthan Ùra	7
Prògram Ùr	9

Ceumannan,  
an ath cheum

Duilleag 2



Bidh an fhìdeag  
binn fod mheòir

Duilleag 7



# CUAIRT-LITIR An Geamhradh 2010

## Ceumannan 3

Tha Bodach na Nollaig agus Rùdolf air a bhith gu math trang a' cur Ceumannan 3 - an treas leabhar anns an t-sreath ùr do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig - a-mach gu àrd-sgoiltean air feadh na dùthcha an àm gu leòr airson na Nollaig. Bheir an leabhar sgoilearan suas gu ceann ìre 3 agus air adhart sa Churraicealam airson Sàr-mhathais.

Mar as àbhaist bidh foldair de Notaichean an Tidseir an cois an leabhair ach, a bharrachd air sin, an turas seo bidh sgoiltean a' faighinn DVD Rom\* a bhios làn de stuth feumail bho Ceumannan 1-3. Air an DVD bidh na leanas:

### faidhlichean JPG

Na dealbhan-pinn le Bob Dewar (C1-3) *(Dh'fhaodar an cleachdadh airson duilleagan-obrach, cairtean taisbeanaidh, cairtean geama, postaichean is eile a dhèanamh)*

### faidhlichean mp3

Earrannan èisteachd (Ceumannan 1-3)  
Òrain (C1-3)  
Faclair Mòr (C1-3)


### faidhlichean PDF

Òrain (C1-3)  
Notaichean an Tidseir (C1-3)  
Leabhraichean (C1-3)  
Tòimhseachain-tarsainn (C1)  
Dealbhan-èibhinn Comic Life (C1)  
*\*Faodar lethbhreacan a dhèanamh dhen DVD.*

Tha sinn an dòchas gum bi an DVD gu feum – gu h-àraid do thidsearan aig a bheil duilgheadasan faighinn chun an stuth air-loidhne. Ach, chan e sin uile a bhios ann! Bidh cuideachd postaichean mòra dathte 'Anns a' bhaile' a' dol a-mach chun a h-uile tidseir an cois Ceumannan 3. A bharrachd air a bhith a' coimhead tarraingeach, faodar am postair a chleachdadh ann an cuid de na geamannan cànan agus eacarsaichean anns an leabhar.



Làithean Lachaidh



### Ceumannan air-loidhne


Airson cur ris an stòras a th' againn mar-thà air-loidhne, tha an t-eòlaiche teicneòlais againn, Niall Mac a' Ghobhainn, trang trang an-dràsta ag obair air duilleagan-lìn Ceumannan 3. Tha e an dòchas gum bi an làrach beò goirid às dèidh na bliadhna ùire.

Am measg tòrr de rudan spòrsail eile a tha gu bhith air an làrach, bidh Làithean Lachaidh ann – geama ùr eadar-ghnìomhail a tha stèidhichte air a' chànan ann an Ceumannan. Ann an Làithean Lachaidh bidh sgoilearan a' leantainn Lachaidh tro sheachdain inntinneach far a bheil e an sàs ann an iomadh seòrsa rud: ag obair ann an ospadal, stèisean-poilis, bùth, a' dràibheadh tagsaidh timcheall a' bhaile, a' dol gu na geamannan Gàidhealach agus tòrr de rudan eile. Tha gach latha anns a' ghèam air a cheangal ri faclan ùra agus puingeann cànan sònraichte bhon chùrsa agus thathas an dòchas gun còrd Làithean Lachaidh ri sgoilearan agus gun ionnsaich iad bhuaithe aig an aon àm.

As t-samhradh chùm sinn co-fharpais airson ainm a thaghadh dhan fhear bheag annasach a tha na rionnag anns a' ghèam seo. B' e Mìcheal MacFhionghain à Àrd-sgoil Bhàgh a' Chaisteil a bhuannaich a' cho-fharpais leis an ainm Lachaidh. Meal do naidheachd, a Mhicheil! Tha sinn an dòchas gu bheil an i-pod a fhuair thu mar dhuais a' còrdadh riut.

### Am bi thusa ri ceilearachd?

Cuimhnich gum faod thu ar leantainn air Twitter <http://twitter.com/ceumannan> Siuthad! Cuir brath thugainn! Tha sinn a' coimhead air adhart ri chluinntinn bhua.



### Anns a' bheairt

Tha Ceumannan 4 anns a' bheairt an-dràsta. Tha a' chiad dreach dheth an ìre mhath deiseil agus tha sinn an dòchas tòiseachadh air a dheasachadh agus a dhealbhadh anns a' bhliadhna ùir, agus an dòchas gun nochd e ann an sgoiltean anns a' bhliadhna-sgoile 2011/12. Ma bhios ceistean no beachdan agad air Ceumannan, nach cuir thu brath thugainn aig [ceumannan@storlann.co.uk](mailto:ceumannan@storlann.co.uk)

**Nollaig Chridheil agus Bliadhna Mhath Ùr dhuibh uile bho sgioba Ceumannan.**



### Ceumannan 3

Hub Ùr

An t-Alltan 2010

Farpais Nollaig

Luchd-obrach Ùr

Stuthan Ùra

Prògram Ùr

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)

[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)

[www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com)





Bu toigh leinn taing mhòr a thoirt dhan a h-uile duine a chuidich leis an leabhar Ceumannan 3, an stuth air-loidhne agus na goireasan eile a thoirt gu buil.

### Tha Hub Ghlaschu air Sràid Mhansefield fosgailte a-nis agus tha Dòmhnall Eòghainn air gluasad a-steach.

Anns an ionad gu lèir tha Bòrd na Gàidhlig, Colmcille, Comunn na Gàidhlig, An Lòchran agus Comhairle nan Leabhraichean air an riochdachadh, agus cuideachd Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig fhèin. Tha e sgoinneil gum faodar sùil a thoirt seachad air na pannalan ìosal a tha a' sgaradh nan deasgaichean agus cùisean a dheasbad sa bhad.

Tha goireasan coinneachaidh fìor mhath sa hub as urrainn don luchd-obrach gu lèir fhaighinn airson choinneamhan sam bith. Bidh deasgaichean teth rim faighinn a dh'aithghearr cuideachd.

Tha an obair air a' hub a' dol air adhart fhathast.



Ceumannan 3  
**Hub Ùr**  
An t-Alltan 2010  
Farpais Nollaig  
Luchd-obrach Ùr  
Stuthan Ùra  
Prògram Ùr

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)  
[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)  
[www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com)



# CUAIRT-LITIR An Geamhradh 2010

An t-Alltan 2010



## Bha còrr is 100 riochdaire an làthair thairis air an dà latha, nam measg tidsearan sgoil-àraich, bun-sgoile agus àrd-sgoile agus oifigearan leasachadh deagh-ghnè.

Chuala iad dà phrìomh òraid bho Chris McIlroy, HMIE agus bho Aonghas MacIlFhinnein, a tha na Iar-cheannard air Sgoil MhicNeacail, agus cuideachd bha taghadh aca de bhùthan-obrach a bha uile a' buntainn rin eòlas fhèin air teagasg. B' e prìomh amas 'An t-Alltan' gun cuireadh riochdairean eòlas air goireasan Stòrlann agus mar a ghabhadh an cleachdadh gu gnìomhail san rùm-teagaisg. B' iad seo na bùthan-obrach:

### Beairteas Cànan - Gnàthasan-cainnt & Abairtean

Mairead NicIomhair (B-S+ À-S)

Mar a bhrosnaicheas tu cleachdadh ghnàthasan-cainnt agus abairtean ann an sgrìobhadh Gàidhlig, agus mar thoradh air seo, mar a bhrosnaicheas tu clann gus piosan sgrìobhaidh Gàidhlig nas fheàrr a chur a-mach.

### Matamataig

DI Mac a' Ghobhainn (À-S)

Gnìomhachdan airson ionnsachadh gnìomhach a ghabhas a chleachdadh san rùm-teagaisg, gus taic a chur ri leabhraichean/goireasan Matamataig Teejay.

### Litreachadh

Alice Nicleòid + Mairead Anna Nicleòid (B-S)

Gnìomhachdan airson litreachadh gnìomhach a thèid còmhla ris a' phrògram 'Lorgan Litreachaidh'. Till dhan rùm-teagaisg agus feuch fhèin iad!

### Bàrdachd

Catriona Leacsaidh Chaimbeul (S-À, B-S+ À-S)

Gnìomhachdan dràma a ghabhas dèanamh san rùm-teagaisg gus taic a chur ri na leabhraichean bàrdachd 'Can gun Robh' agus 'Smeòrach Mì'. Sùil air mar a ghabhas na gnìomhachdan a cheangal tarsainn raointean curraicealaim fa leth gus ionnsachadh tar-churraicealam a bhrosnachadh.



### Big Writing

Anne Glennie (B-S)

Cothrom eòlas a chur air 'Big Writing' agus mar a ghabhas a chleachdadh gu h-eadar-ghnìomhach anns an rùm-teagaisg gus sgrìobhadh leudaichte a bhrosnachadh. Tha 'Big Writing' air prògram Stòrlann airson na h-ath-bhliadhna ...cùm do shùil air an làraich-lìn againn!

### Ceumanna

Emma Burrows + Seòna NicCarraig (À-S)

Ceumanna tron a' Churraicealam airson Sàr Mhathais - Eisimpleirean de dheagh chleachdadh.

### GLOW

Màiri NicIlleMhaoil (S-À, B-S+À-S)

Sùil ghnìomhach air GLOW, le cuideam air na cothroman a tha na lùib airson Foghlam Gàidhlig agus anns an rùm-teagaisg.



### HIE - Lùth Ath-nuadhachail

Pat agus Liz (S-À, B-S & À-S)

Trèanadh eadar-ghnìomhach air mar a chleachdas tu Pasgan Lùth Ath-nuadhachail san rùm-teagaisg. Bidh am Pasgan Gàidhlig a' nochdadh a dh'aithghearr!

### Ionnsachadh Gnìomhach - Leasachadh Cànan

Fiona NicIlFhinnein (S-À+B-S)

Beachdan airson ionnsachadh gnìomhach a bhrosnaicheas cleachdadh na Gàidhlig aig na Tràth-ìrean, le cuideam air bogadh sa chànan.

### Prògram Scholar

Gerry Toner (À-S)

Bidh Prògram Scholar a' tabhann chùrsaichean air-loidhne airson na h-Àrd-sgoile. Am-bliadhna tha iad a' cur prògram Gàidhlig Àrd Ìre air-loidhne an sàs (seisean fiosrachaidh).

### SQA

Dòmhnall Iain MacIomhair + Uilleam Dòmhnallach (À-S)

SQA a' bruidhinn ri tidsearan mu fheumalachdan nam pàipearan-deuchainn - a' toirt lèirsinn do thidsearan air mar a dh'ullaicheas iad sgoilearan airson mheasaidhean, agus a' cnuasachadh air measaidhean san àm ri teachd (seisean fiosrachaidh).



Ceumanna 3

Hub Ùr

An t-Alltan 2010

Farpais Nollaig

Luchd-obrach Ùr

Stuthan Ùra

Prògram Ùr

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)

[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)

[www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com)



# CUAIRT-LITIR An Geamhradh

An t-Alltan 2010



## Seo cuid de bheachdan nan riochdairean:

### Foirm-measaidh

'S e rudan feumail a bh' ann airson a dhèanamh sa chlas agus bha sinn a' dèanamh nan rudan an àite a bhith dìreach ag èisteachd

Thug Beairteas Cànanain orm smaointinn, cuimhneachadh agus a' bhith mothachail den deagh Ghàidhlig a th' againn 's gu bheil còir againn a chleachdadh nas trice gun eagal sam bith nach eil e "foghlamaichte" gu leòr! Big Writing - tòrr a-sin! MATH FHÈIN

Practical effective lessons to take back to the classroom

### Tha cuimhn' am a bhith a' smaoineachadh...

A bheil tìde agamsa dhol gun a' cho-labhairt 's a-nis tha mi cho taingeil gun tàinig mi ann 's gun do dh'ionnsaich mi uimhir

Inspiring! This type of CPD/event should be the norm - it makes teachers feel professional and involved!

### Tha cuimhn' am a bhith a' faireachdainn...

Enthusiastic & looking forward to getting back to the class with my new ideas

Tha gu leòr ann airson ar brosnachadh ionnsachadh math a thoirt do na sgoilearan againn

Bu mhath le Stòrlann taing a thoirt do na leanas airson taic ionmhais agus taic eile a' buntainn ris 'An t-Alltan':

**MRG – Tabhartasan Sònraichte airson**

**Foghlam Gàidhlig;**

**Riaghaltas na h-Alba;**

**Bòrd na Gàidhlig;**

**Ionnsachadh agus Teagasg na h-Alba;**

**Taigh-òsta Dhruim Athaisidh, Inbhir Nis;**

**Ùghdarrasan ionadail gu lèir.**



Ceumannan 3

Hub Ùr

**An t-Alltan 2010**

Farpais Nollaig

Luchd-obrach Ùr

Stuthan Ùra

Prògram Ùr

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)


[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)

[www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com)



## Farpais Nollaig

Am-bliadhna tha sinn a' cumail farpais bheag co-cheangailte ris a' chairt Nollaig againn.



Ma thèid agad air na goireasan gu lèir san fhacal Nollaig ainmeachadh, cuir post-d gu [nollaig@storlann.co.uk](mailto:nollaig@storlann.co.uk) agus thèid d' ainm dhan aid feuch am buannaich thu Nip gaolach dhut fhèin!

(Ceann-là 30 Faoilleach 2011)

## Aodann Ùr



Bu toigh leinn fàilte a chur air Dòmhnall Eòghainn MacFhionghain dhan sgioba againn. Thòisich e na Oifigeair Curraicealaim còmhla rinn san Dàmhair.

“ Dh'fhàg mi na Hearadh ann an dà mhìle 's a trì agus thòisich mi nam oileanach aig Oilthigh Ghlaschu, a' dèanamh bith-eòlas. Às dèidh sin bha mi ag obair an Ionad Saidheans Ghlaschu airson bliadhna gus an do thòisich mi a' trànanadh airson a bhith nam thidsear bith-eòlais. Rudan inntinneach mu mo dheidhinn? Aon turas fhuair mi itealan prìobhaideach bho Steòrnabhagh gu Lunnainn. Bha siud math. Tha iomadh cur-seachad agam, leis nach eil mi a' coimhead an tele. Is toigh leam film agus bidh mi a' cur ri chèile filmichean goirid, an dà chuid gan sgrìobhadh agus gan stiùireadh. Tha mi air a bhith a' sgrìobhadh òrain on a bha mi ceithir-deug, ach cha do thòisich mi ri bhith sgrìobhadh anns a' Ghàidhlig chun an-uiridh. ”



Lorg eun beag an dealbh seo de Dhòmhnall Eòghainn air Google 's e a' ruith ann an leth mharathon na Hearadh (220), agus 's e bu luaithe a chrìochnaich de mhuintir an àite!

Ceumannan 3  
Hub Ùr  
An t-Alltan 2010  
**Farpais Nollaig**  
**Luchd-obrach Ùr**  
Stuthan Ùra  
Prògram Ùr

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)  
[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)  
[www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com)



Sna sgoiltean a-nis

## Dè tha ann an Nuadh-eòlas?

Bho chionn ghoirid, chaidh aonad ùr, "Dè tha ann an Nuadh-eòlas?", a chur a-mach ann an cruth didseatach gu tidsearan Nuadh-eòlais anns na h-àrd-sgoiltean.

Tha an t-aonad seo air a dhealbh airson a' chiad bhlasad de Nuadh-eòlas a thoirt do sgoilearan. Anns na bun-sgoiltean bidh a' chlann a' cluinntinn mu Eachdraidh agus mu Chruinn-eòlas ach cha bhi, cho mòr, mu Nuadh-eòlas. Airson an dàimh eadar na bun-sgoiltean agus na h-àrd-sgoiltean a neartachadh, bidh tidsearan às na h-àrd-sgoiltean a' tadhal air na bun-sgoiltean airson innse dhaibh mu na cuspairean a bhios iad a' dèanamh anns na h-àrd-sgoiltean. Tha am buidheann-comhairleachaidh a th' aig Stòrlann airson Nuadh-eòlas anns na h-àrd-sgoiltean a' moladh gum biodh tidsearan Nuadh-eòlais a' tadhal air bun-sgoiltean agus tha an t-aonad seo air a dhealbh airson an adhbhair sin. Dh'fhaodadh an tidsear às an àrd-sgoil a' chiad leasan no dhà a dhèanamh còmhla ri BS7 agus an còrr fhàgail aig na tidsearan sa bhun-sgoil airson crìoch a chur air an aonad. Far nach bi a lethid sin a' tachairt, bidh an t-aonad glè fhreagarrach mar thoiseach tòiseachaidh do sgoilearan aig ìre AS1.

Tha dà Phowerpoint san aonad, aon mu chuid de na bun-bheachdan a tha a' buntainn ri Nuadh-eòlas, agus am fear eile mu fheumalachdan agus iarrtasan. Fon tiotal "Dè tha ann an Nuadh-eòlas?" tha eacarsaichean goirid ann air Eucoir agus an Lagh, Na Stàitean Aonaichte, Còmhstri agus Sìth, Cumhachd agus Smachd, agus Feumalachdan agus Iarrtasan. Tha gach aon dhiubh sin air a dhealbh airson cothrom a thoirt don chloinn a bhith a' beachdachadh agus a' còmhradh nam buidhnean. Tha dealbh-chluich san aonad cuideachd, "A' Chùirt", agus is e a tha san amas an seo gun tòisich a' chlann air fianais aithneachadh agus a mheas. An cois seo uile tha "Planaichean nan Leasan", a tha a' toirt stiùireadh do thidsearan a dh'fhaodadh iad a leantainn.

Chaidh an t-aonad a chur a-mach ann an Word agus bheir sin cothrom do thidsearan atharrachadh beag a dhèanamh an siud 's an seo mar a chì iad fhèin freagarrach.

**Tha Stòrlann fada an comain Màiri Eilidh Stiùbhart airson an t-aonad seo a dheasachadh.**

Chan eil daoine ann an Africa idir co-ionann ri daoine ann an Alba.....



Chan eil daoine beairteach agus daoine bochda idir co-ionann.....




Sna  
sgoiltean  
a-nis

**San Dàmhair dh'fhoillsich Stòrlann An Fhìdeag Albannach, a' chiad leabhar Gàidhlig gu ruige seo airson tidsearan ciùil. Is e dreachd Gàidhlig a th' ann den leabhar aig Fran Gray, *Hands on Scottish Tin Whistle*, a dh'fhoillsich Taigh na Teud ann an 2005. Is i Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu a mhol an leabhar seo do Stòrlann sa chiad dol-a-mach.**

Bhiodh Fran Gray a' cleachdadh àireamhan ann an clàr-notaireachd airson fuinn a theagasg don chloinn mus ionnsaicheadh iad ceòl a leughadh anns an notaireachd àbhaistich. Tha an clàr-notaireachd, leis na h-àireamhan, agus a' chliath-notaireachd, leis na notaichean, taobh ri taobh air na duilleagan san leabhar agus le sin, ann an ùine ghoirid, ionnsaichidh clann mar a chluicheas iad puirt shìmplidh agus, cuideachd, mar a leughas iad ceòl. Tha gach loidhne air a dealbh gus gun gabh i a leughadh agus a h-ionnsachadh mar earrainn agus tha na puirt air an taghadh agus air an cur ann an òrdugh gu cùramach gus gum bi an cùrsa a' fàs nas dorra beag air bheag.

Tha an leabhar a-nis anns na sgoiltean agus a dh'aithghearr bidh e cuideachd air-loidhne air an làraich-lìn aig Stòrlann. An sin faodar èisteachd ri Seòna NicCarraig a' leughadh an teacsa air fad, Dougie Beck a' cluich nam fonn agus Ròna Lightfoot a' canntaireachd cuid aca. An uair sin bidh sgoilearan air comas an fhìdeag a chluich eadhon ged nach biodh iad air chomas Gàidhlig no ceòl a leughadh! Bidh ceithir puirt eile nach eil san leabhar air-loidhne cuideachd.

Fhuair Stòrlann cuideachadh leis an fhoillseachadh seo bho Fhèisean nan Gàidheal a ghabh 500 lethbhreac dheth airson an cleachdadh aig fèisean. Chùm sin a' chosgais a thàinig air Stòrlann sìos. Is e tlachd mhòr a bh' ann a bhith a' co-obrachadh le Taigh na Teud. Is e neach-ciùil air leth a tha ann Cairistiona Mhàrtainn agus bha i air leth fialaidh le a tìm, a comhairle agus a taic. Mòran taing!




Christine Martin



# CUAIRT-LITIR An Geamhradh 2010

## Prògram Ùr

Seo na stuthan air prògram 2010-11. Tha cuid mhath a' tighinn gu ìre agus iad gan clò-bhualadh no gan libhrigeadh do sgoiltean mu thràth.



<b>Bun-sgoil</b>
<b>Matamataig</b> Leabhraichean Mòra 4-7: tuilleadh san t-sreath
<b>Cànan agus Litearrachd</b> Can gun Robh: cruinneachadh bàrdachd Sgrìobhadh com-pàirtichte: cruinneachadh de theacsaichean Sgrìobhadh Com-pàirtichte airson ìrean 2 agus 3 Ailig Aurora: nobhail airson ceann shuas na bun-sgoile Sàr obair: foillseachadh aig Ìre C Faclair na Sgoile: faclair sgoile gu tur ùr stèidhte air na tha ann am Brìgh nam Facal Catriona air Chuairt: pasganan eile Speak Out: sgrìobtaichean deilbh-chluiche le eadar-sgaradh 'neo-fhaicsinneach' agus cuspairean tar-churraicealaim Mirean: prògram càinain
<b>Cruinn-eòlas</b> Cruinnean dhan Chlasrum
<b>Eòlas Àrainneachd</b> Sreath leabhraichean bho National Geographic Atlas Oxford
<b>Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh sa bhun-sgoil</b> Ùrachadh air stuthan trèanaidh

<b>Àrd-sgoil</b>
<b>Gàidhlig</b> Fo Bhruid 2010: nobhail Ceumannan 2, 3, 4 & 5 Eadar Dà Sgeul: cruinneachadh de sgeulachdan goirid le notaichean-tidseir Sgeulachdan Goirid an Latha An-diugh Cùrsa dha na Fileantaich Bogsaichean Ulaidh bho Thaigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba Pasgain air topaigean Stuthan-èisteachd Pàipearan-deuchainn
<b>Maths</b> Matamataig Teejay Ìre C Matamataig Teejay Ìre D: stuthan obair-dachaigh Matamataig Teejay Ìre E: stuthan obair-dachaigh Matamataig Teejay Ìre F: stuthan obair-dachaigh
<b>Cruinn-eòlas</b> Leabhar-teacsa airson AS3 agus 4
<b>Saidheans</b> Goireas airson Clàr Geal: on chompanaidh Daydream Education Saidheans 5-14 Leabhar an Sgoileir S1: bho Hodder Gibson Saidheans 5-14 Leabhar an Sgoileir S2: bho Hodder Gibson
<b>Eachdraidh</b> Rìoghachd na h-Alba anns na Meadhan Aoisean: leabhar bho Heinemann Education A' Ghearmailt 1918 - 1939: leabhar bho Heinemann Education
<b>Foghlam Corporra</b> Sreath phostairean
<b>Nuadh-Eòlas</b> Aonadan Nuadh-eòlais
<b>Ceòl</b> Leabhar na Fideig
<b>Eaconamas dachaigh</b> Pasgan



Ceumannan 3  
Hub Ùr  
An t-Alltan 2010  
Farpais Nollaig  
Luchd-obrach Ùr  
Stuthan Ùra  
Prògram Ùr

[www.storlann.co.uk](http://www.storlann.co.uk)  
[www.anseotal.org.uk](http://www.anseotal.org.uk)  
[www.gaelic4parents.com](http://www.gaelic4parents.com)

